

The Environment, Climate Change and Land Reform Committee

Green recovery

Submission From **Bòrd na Gàidhlig**

In most cases we will publish your written submission on the Scottish Parliament's website. What you send us may also be quoted in the Committee's report or in its Committee meetings. These are public meetings that are broadcast online.

Before making a submission, please read our [privacy notice](#) (section headed Parliamentary business – Committees) about submitting your views to a Committee. This tells you about how we process your personal data. If you are under 12 years of age, please read this 'Submitting Your Views to Committee: Young People' section.

The Committee would particularly welcome views on the following questions–

Do the principles of sustainable development (as set out in the annexe), and those for a resilient recovery, as proposed by the UK Committee on Climate Change, provide a comprehensive framework for guiding an effective green recovery in Scotland?

Tha sinn a' cur fàilte air na prionnsapalan seo agus air an fhrèam-obrach a thathar a' moladh dhan dùthaich.

What are the key barriers to delivering a green recovery (within your sector and / or community)?

Bheir stòrasan agus tobraichean lùtha uaine, nàdarra agus seasmhach buaidh air ùrachadh choimhearsnachdan ann an eileanan na h-Alba aig a bheil dùbhlain a thaobh atharrachadh deamografaigs an t-sluaigh aig an àm seo. Bidh soilleireachd lèirsinn mu mar a bheir am Plana Ath-bheothachaidh Uaine deagh bhuaidh air na dùbhlain sin a' brosnachadh ath-bheothachadh nan coimhearsnachdan dùthchail sin.

A bharrachd air sin, tha sinn a' faicinn fàs luath ann an togail choimhearsnachdan Gàidhlig ann am Meadhan na h-Alba. Tha na coimhearsnachdan Gàidhlig ùra seo a' cur ri beartas cultarach nan cathair-bhailtean, leithid Glaschu is Dùn Èideann. Tha e deatamach gum bi gnìomhan anns a' Phlana Ath-bheothachaidh Uaine air cùisean cultarail agus gum bi e a' comharrachadh nam buannachdan aig cultar air slàinte is sunnd.

Tha an ceangal eadar spionnadh cultarach, am Plana Ath-bheothachaidh Uaine agus leasachaidhean ann an Slàinte is Sunnd nam prionnsapalan cudromach a bu chòir stèidheachadh, cho math ri bhith ag aithneachadh dualchas Gàidhlig na h-Alba mar phrìomh eileamaid anns an fhrèam-obrach seo. Tha e deatamach, mar sin, gum bi cultar dùthchasach na h-Alba na phàirt de dh'ath-ùrachadh cultarach san fharsaingeachd a bhios air a bhrosnachadh mar phàirt den Ath-bheothachadh Uaine.

Bidh lèirsinn airson a bhith a' cleachdadh theicneòlasan ùra gus am bi dualchas cultarach beairteach na h-Alba nas ruigsinniche - a' gabhail a-steach an dualchais Ghàidhlig againn - a' sealltainn mar a bheir am Plana Ath-bheothachaidh Uaine buaidh mhòr air Slàinte is Sunnd air feadh na dùthcha, an dà chuid ann an suidheachaidhean bailteil agus dùthchail. Le bhith a' mìneachadh co-theacsa a' Phlana Ath-bheothachaidh Uaine, bidh tuigse nas fharsainge ann air mar as urrainn do theicneòlasan uaine deagh bhuaidh a thoirt air a' bheatha làitheil.

What key policies, actions and immediate priorities are needed to deliver a green recovery (within your sector and / or community)?

Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd, tha coimhearsnachdan Gàidhlig a' fàs is a' leasachadh an dà chuid ann an sgìrean traidiseanta na Gàidhlig ann an eileanan agus costa iar-thuath na h-Alba agus anns na mòr-sgìrean bailteil, timcheall air, mar eisimpleir, Glaschu is Dùn Èideann.

Anns na coimhearsnachdan bailteil Gàidhlig againn, bidh deagh bhuaidh aig ceanglaichean agus còmhdhail uaine air na structaran cultarach agus foghlaim a tha na coimhearsnachdan sin a' cur ris agus a neartachadh. Bu chòir dhan Phlana Ath-bheothachaidh Uaine comharrachadh gu soilleir mar a bheir teicneòlas uaine taic do dh'ùrachadh is ùr-ghnàthachadh cultarach, a bheir buannachd do Shlàinte is Sunnd an dà chuid ann an suidheachaidhean bailteil agus dùthchail.

Tha ceanglaichean làidir aig coimhearsnachdan Traidiseanta agus Bailteil na Gàidhlig ris an talamh is ris a' mhuir agus tha iad air a bhith gan obrachadh gu seasmhach aig ìre ionadail fad linntean. Tha e ro-chudromach gum faod coimhearsnachdan a bhith a' dèanamh ceangal ri margaidhean ionadail a-rithist gus an gabh toradh ionadail a reic agus a cheannach. Feumar bann-leathann luath a chur an sàs cho luath 's a ghabhas gus obair aig an taigh agus obair ionadail a chur an comas. Bheir eadar-theachd ro-innleachdail èifeachdach gus taic a chumail ri àrainneachdan obrach eadar-mheasgte buaidh dhìreach air oidhirpean gus coimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig ath-nuadhachadh.

Tha còmhdhail phoblach uaine is cunbhalach a dhìth an dà chuid ann an coimhearsnachdan dùthchail is bailteil gus taic a chumail ri obrachadh gu h-ionadail, a tha a' cur ri foghainteachd eaconomach do dh'Alba air fad. Bidh cothrom air taigheadas uaine air prìs ruigsinneach ag ath-bheothachadh choimhearsnachdan traidiseanta agus bailteil na Gàidhlig agus chan urrainnear cuideam gu leòr a chur air cho cudromach 's a tha taigheadas uaine air prìs ruigsinneach ann an eileanan agus ceàrnaidhean dùthchail eile na h-Alba.

How should the 2021/22 Budget support a green and sustainable recovery and avoid locking in carbon; and what funding is needed in the ECCLR portfolio to deliver a green and sustainable recovery?

Leis cho cudromach 's a tha an ro-innleachd Ath-bheothachaidh Uaine chuireamaid fàilte air geallaidhean buidseit soilleir a bheireadh maoinneachadh gu leòr do thionnsgalachd agus leasachadh uaine seasmhach.

Freagairt san fharsaingeachd / General response

Tha cànan is cultar na Gàidhlig gar ceangal nas dlùithe ris an fhearann, na h-uisgeachan agus na cuantan air feadh na h-Alba agus timcheall oirre, tro bhith a' toirt dhuinn barrachd tuigse agus meas air na h-ainmean-àite, beul-aithris agus eachdraidh Ghàidhlig againn. Gu dearbha, tha a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Alba no aig a bheil eòlas air ar dùthaich air feadh na cruinne eòlach air an fhacal "loch". Tha na ceudan de mhiltean de dhaoine ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig tro aplacaidean, air-loidhne, ann an sgoiltean agus ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil. Tha fianais a' sìor-fhàs gu bheil aonta nàiseanta ann a thaobh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig agus a cultar dhan a h-uile duine ann an Alba agus nas fhaide air falbh. Bidh am Plana Ath-bheothachaidh Uaine air a neartachadh ma bhios i a' gabhail a-steach lèirsinnean nas fharsainge leithid cultar agus slàinte is sunnd agus bidh pàirt chudromach aig a' Ghàidhlig ann a bhith a' libhrigeadh nan taobhan cultarail ann an ro-innleachd iomlan.

Faodaidh pàirt a bhith aig coimhearsnachdan Gàidhlig ann a bhith a' taisbeanadh deagh chleachdadh uaine, seasmhach. Tha seo gu sònraichte buntainneach leis gu bheil an t-ath-bheothachadh Gàidhlig làithreach a' ceangal choimhearsnachdan eileanach traidiseanta ri coimhearsnachdan bailteil, far a bheil an cànan a' fàs gu luath tro fhosgladh sgoiltean Gàidhlig ùra.

Bu chòir na dh'fhaodadh a' Ghàidhlig cur ri Alba san àm ri teachd aithneachadh gu h-iomlan, mar cho-theacsa anns am bi am Plana Ath-bheothachaidh Uaine a' toirt buaidh ghnìomhach air deagh bhuaidhean airson coimhearsnachdan eadar-mheasgte air feadh na dùthcha againn agus a bharrachd air sin, a bhith a' cur ris a' chliù eadar-nàiseanta againn.